

# Seinnibh Còmhla Rinn



FACLAN NAN ÒRAN

# CLÀR-AMAIS

Ainm an òrain	Duilleag
A shean-bhean bho chd	15
An cluinn, an cluinn, an cluinn thu lain	7
Bà bà mo leanabh beag	19
Cadal ciarach mo luran	20
Cailleach Beinn a' Bhric	8
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn (Dreach A)	9
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn (Dreach B)	10
Clach mhìn mheallain san tobar ud thall	13
Cò gu leigeadh na gamhna a dheogal	5
Cò leis an crodh druimfhionn ud thall (Dreach B)	18
Cò leis tha 'n crodh druimfhionn ud thall (Dreach A)	17
Cro dh an Tàilleir	6
Danns, a Bhriogain	21
Gaol beag thu, gaol beag thu	11
Hothan agus hothan ò	12
Huis, huis air an each	3
Is fhada bhuan fhìn Bonn Eadarainn	14
Mo bhò dhubh mhòr	4
Till an crodh laochain	16
Tobar, tobar, sìolaidh	2



## CLÀR 1. & 21. TOBAR, TOBAR, SÌOLAIDH

---

Tobar, tobar, sìolaidh  
Tobar, tobar, sìolaidh  
Nighean rìgh ag òl dighe  
'S na gobhair ag èigheach

---

Tha na faclan sgrìobhte bhon chlàr [seo](#)

Air a ghabhail le Annag Niclaine às a' Ghleann, Barraigh ann an 1950 agus buinidh an clàr do Chruinneachadh Chanaigh aig Urras Nàiseanta na h-Alba.





## CLÀR 2. & 22. HUIS HUIS AIR AN EACH

---

Huis, huis, air an each  
An t-each a' dol a Bhàlaigh  
Beiridh am muir-làn oirnn  
Beiridh e air chasan oirnn  
Beiridh e air chinn oirnn  
Huis, huis, air an each  
An t-each a' dol a Bhàlaigh



---

Tha na faclan sgrìobhte bhon chlàr [seo](#)

Air a' ghabhail leis an Urr. Uilleam MacMhathain à Màlacleit, Uibhist a Tuath agus chaidh a chlàradh le Sgoil Eòlais na h-Alba ann an 1954.

## CLÀR 3. & 23. MO BHÒ DHUBH MHÒR

---

Mo bhò dhubh mhòr a' siubhal bheann  
Mo bhò dhubh mhòr a' teàrnadh ghleann  
Mo bhò dhubh mhòr a' siubhal bheann  
'S ann tha i sgìth 's a laogh air chall

Tha i sgìth 's a laogh air chall  
'S ann tha i sgìth 's a laogh air chall  
'S ann tha i sgìth 's a laogh air chall  
O chùl a' ghlinn gu bruaich nan allt

Mo bhò dhubh mhòr a' siubhal bheann  
Mo bhò dhubh mhòr a' teàrnadh ghleann  
Mo bhò dhubh mhòr a' siubhal bheann  
'S ann tha i sgìth 's a laogh air chall

---

Tha na faclan sgrìobhte bhon chlàr [seo](#)

Air a ghabhail le Ruairidh Dòmhnallach à Càrnach, Uibhist a Tuath agus chaidh a chlàradh le Sgoil Eòlais na h-Alba ann an 1957.



## CLÀR 4. & 24. CÒ GU LEIGEADH NA GAMHNA A DHEOGHAL

---

Cò gu leigeadh na gamhna a dheoghal  
Na gamhna a dheoghal, na gamhna a dheoghal  
Cò gu leigeadh na gamhna a dheoghal  
Gur banchag bhleoghain mi fhìn

Cò gu leigeadh mo leanabh gu làr  
Mo leanabh gu làr, mo leanabh gu làr  
Cò gu leigeadh mo leanabh gu làr  
Gur banaltram dha mi fhìn

---

Tha na faclan sgrìobhte bhon chlàr [seo](#)

Air a ghabhail le Agnes NicMhuirich à Loch Baghasdail, Uibhist a Deas agus chaidh a chlàradh le Iain Latharna Caimbeul ann an 1960.



## CLÀR 5. & 25. CRODH AN TÀILLEIR

---

O hì o ho, crodh an tàilleir  
O hì o ho, crodh an tàilleir  
O hì o ho, crodh an tàilleir  
Siosar is meuran is snàthad

Cha tuit iad an toll no fèithe  
Cha tuit iad an toll no fèithe  
Cha tuit iad an toll no fèithe  
Ma thuiteas, gun tog e fhèin iad

O hì o ho, crodh an tàilleir  
O hì o ho, crodh an tàilleir  
O hì o ho, crodh an tàilleir  
Siosar is meuran is snàthad

Tha mìle long air Cuan Èirinn  
Tha mìle long air Cuan Èirinn  
Tha mìle long air Cuan Èirinn  
'S truagh nach robh mi fhìn air tè dhiubh

O hì o ho, crodh an tàilleir  
O hì o ho, crodh an tàilleir  
O hì o ho, crodh an tàilleir  
Siosar is meuran is snàthad



---

Tha na faclan sgrìobhte bhon chlàr [seo](#)

Air a ghabhail leis an Urr. Uilleam MacMhathain à Màlacleit, Uibhist a Tuath agus chaidh a chlàradh le Sgoil Eòlais na h-Alba ann an 1954.

## CLÀR 6. & 26. AN CLUINN, AN CLUINN, AN CLUINN THU IAIN

---

An cluinn, an cluinn, an cluinn thu Iain  
An cluinn, an cluinn, an cluinn thu Iain  
An cluinn, an cluinn, an cluinn thu Iain  
A' chuthag sa choill' 's an oidhche tighinn, O thà

O thà o thà o thà o hì  
O thà o thà o thà o hì  
O thà o thà o thà o hì  
'S ann a' tiodhlacadh caillich sna Hearadh bha mì, O thà

An cluinn, an cluinn, an cluinn thu Iain  
An cluinn, an cluinn, an cluinn thu Iain  
An cluinn, an cluinn, an cluinn thu Iain  
A' chuthag sa choill' 's an oidhche tighinn, O thà

O thà o thà o thà o hì  
O thà o thà o thà o hì  
O thà o thà o thà o hì  
'S ann a-muigh air a' bhuailidh dh'fhàs am buachaille tinn, O thà

An cluinn, an cluinn, an cluinn thu Iain  
An cluinn, an cluinn, an cluinn thu Iain  
An cluinn, an cluinn, an cluinn thu Iain  
A' chuthag sa choill' 's an oidhche tighinn, O thà

---

Tha na faclan sgrìobhte bhon chlàr [seo](#)

Air a ghabhail le tè neo-ainmichte agus chaidh a chlàradh le Sgoil Eòlais na h-Alba ann an 1959.



## CLÀR 7. & 27. CAILLEACH BEINN A' BHRIC

---

Cailleach Beinn a' Bhric horò  
Bhric horò, bhric horò  
Cailleach Beinn a' Bhric horò  
Cailleach mhòr nam fuar-bheann àrd

Shiùbhladh i bho ghleann gu gleann  
Bho ghleann gu gleann, bho ghleann gu gleann  
Shiùbhladh i bho ghleann gu gleann  
Dh'fheuchainn cò an gleann a b' fheàrr

Cailleach Beinn a' Bhric horò  
Bhric horò, bhric horò  
Cailleach Beinn a' Bhric horò  
Cailleach mhòr nam fuar-bheann àrd

B' annsa leam a' bhiolair-uain'  
A' bhiolair-uain', a' bhiolair-uain'  
B' annsa leam a' bhiolair-uain'  
Bhiodh air bruach nam fuaran àrd

Cailleach Beinn a' Bhric horò  
Bhric horò, bhric horò  
Cailleach Beinn a' Bhric horò  
Cailleach mhòr nam fuar-bheann àrd



---

Tha na faclan sgrìobhte bhon chlàr [seo](#)

Air a ghabhail le Mairead Ros à Dùn Bheagain san Eilean Sgitheanach agus chaidh a chlàradh le Sgoil Eòlais na h-Alba ann an 1953.

## CLÀR 8. & 28. CHUIR IAD MISE DH'EILEAN LEAM FHÌN (DREACH A)

---

Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn  
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn  
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn  
Dh'eilean mara fada bho thìr

'S toigh le Uilleam Ann' againn fhìn  
'S toigh le Uilleam Ann' againn fhìn  
'S toigh le Uilleam Ann' againn fhìn  
'S toigh le Ruairidh gruagach a' chruidh

Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn  
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn  
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn  
Dh'eilean mara fada bho thìr

'S toigh le Ailean bean an fhuilt duinn  
'S toigh le Ailean bean an fhuilt duinn  
'S toigh le Ailean bean an fhuilt duinn  
'S toigh le Ruairidh buaile chrodh-laoigh



---

Tha na faclan sgrìobhte bhon chlàr [seo](#)

Air a ghabhail le Seasaidh NicCoinnich à Seiseadar, Leòdhas agus chaidh a chlàradh le Sgoil Eòlais na h-Alba ann an 1956.

## CLÀR 9. & 29. CHUIR IAD MISE DH'EILEAN LEAM FHÌN (DREACH B)

---

Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn  
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn  
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn  
Eilean mara fada bho thìr

'S toigh le Ailean bean a' chùil duinn  
'S toigh le Ailean bean a' chùil duinn  
'S toigh le Ailean bean a' chùil duinn  
'S toigh le Ruairidh buaile chrodh-laoigh

Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn  
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn  
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn  
Eilean mara fada bho thìr

---

Tha na faclan sgrìobhte bhon chlàr [seo](#)

Air a ghabhail leis an Urr. Uilleam MacMhathain à Màlacleit, Uibhist a Tuath agus chaidh a chlàradh le Sgoil Eòlais na h-Alba ann an 1954.



## CLÀR 10. & 30. GAOL BEAG THU, GAOL BEAG THU

---

Gaol beag thu, gaol beag thu  
Gaol beag thu horò  
Gaol beag thu, gràdh beag thu  
Gaol beag thu horò

Gaol beag thu, gaol beag thu  
Gaol beag thu horò  
Gaol beag thu, gràdh beag thu  
Leam 's toigh leam horò

---

Tha na faclan sgrìobhte bhon chlàr [seo](#)

Air a ghabhail le Anna NicDhòmhnaill à Uibhist a Deas agus chaidh a chlàradh le Iain Latharna Caimbeul ann an 1956.



## CLÀR 11. & 31. HOTHAN AGUS HOTHAN Ò

---

Hothan agus hothan ò  
Hothan agus hothan ò  
Hothan agus hothan ò  
Thug an geamhradh leis an crodh

Hothan agus hothan ì  
Hothan agus hothan ì  
Hothan agus hothan ì  
Thug an geamhradh leis an nì

---

Tha na faclan sgrìobhte bhon chlàr [seo](#)

Air a ghabhail leis an Urr. Uilleam MacMhathain à Màlacleit, Uibhist a Tuath agus chaidh a chlàradh le Sgoil Eòlais na h-Alba ann an 1957.





## CLÀR 12. & 32. CLACH MHÌN MHEALLAIN SAN TOBAR UD THALL

---

Clach mhìn mheallain san tobar ud thall  
Clach mhìn mheallain san tobar ud thall

Am buachaille bochd fo sgàil nan cnoc  
A bhata fo uchd 's dhealg na bhrot  
'S e 'g iarraidh air Dia turadh is grian a chur ann

Clach mhìn mheallain san tobar ud thall  
Clach mhìn mheallain san tobar ud thall

---

Tha na faclan sgrìobhte bhon chlàr [seo](#)

Air a ghabhail le Annag Niclaine às a' Ghleann, Barraigh ann an 1950 agus buinidh an clàr do Chruinneachadh Chanaigh aig Urras Nàiseanta na h-Alba.



## CLÀR 13. & 33. IS FHADA BHUAM FHÌN BONN BEINN EADARAINN

---

'S fada bhuam fhìn bonn Beinn Eadarainn  
'S fada bhuam fhìn Bealach a' Mhorghain  
'S fada bhuam fhìn bonn Beinn Eadarainn  
'S fada gun teagamh bhuam Bealach a' Mhorghain

Taobh Beinn Eadarainn, Bonn Beinn Eadarainn  
Taobh Beinn Eadarainn 's Bealach a' Mhorghain  
Taobh Beinn Eadarainn, Bonn Beinn Eadarainn  
'S fada gun teagamh bhuam Bealach a' Mhorghain

'S fada bhuam fhìn bonn Beinn Eadarainn  
'S fada bhuam fhìn Bealach a' Mhorghain  
'S fada bhuam fhìn bonn Beinn Eadarainn  
'S fada gun teagamh bhuam Bealach a' Mhorghain

Taobh Beinn Eadarainn, Bonn Beinn Eadarainn  
Taobh Beinn Eadarainn 's Bealach a' Mhorghain  
Taobh Beinn Eadarainn, Bonn Beinn Eadarainn  
O bhealach gu bealach gu Bealach a' Mhorghain

---

Tha na faclan sgrìobhte bhon chlàr [seo](#)

Air a ghabhail le Seonag Wilson à Baile nan Cailleach, Beinn na Fadhla agus chaidh a chlàradh le Sgoil Eòlais na h-Alba ann an 1953.



## CLÀR 14. & 34. A SHEANA-BHEAN BHOCHD

---

A sheana-bhean bhoichd chan fhalbh thu nochd  
A sheana-bhean bhoichd chan fhalbh thu nochd  
A sheana-bhean bhoichd chan fhalbh thu nochd  
Nach tig thu steach 's an oidhch' ann

---

Tha na faclan sgrìobhte bhon chlàr [seo](#)

Air a ghabhail leis an Urr. Uilleam MacMhathain à Màlacleit, Uibhist a Tuath agus chaidh a chlàradh le Sgoil Eòlais na h-Alba ann an 1954.



## CLÀR 15. & 35. TILL AN CRODH LAOCHAIN

---

Till an crodh laochain  
'S gheibh thu bhean ghaolach  
Till an crodh laochain  
'S gheibh thu bhean bhòidheach  
Till an crodh laochain  
'S gheibh thu bhean ghaolach  
Till an crodh laochain  
'S gheibh thu bhean bhòidheach

Till an crodh beadarrach  
'S gheibh thu bhean leadanach  
Till an crodh beadarrach  
'S gheibh thu bhean bhòidheach  
Till an crodh beadarrach  
'S gheibh thu bhean leadanach  
Till an crodh, till an crodh  
Till an crodh Dhòmhnail

---

Tha na faclan sgrìobhte bhon chlàr [seo](#)

Air a ghabhail le Alasdair Boyd à Àird na Mònadh, Uibhist a Deas agus chaidh a chlàradh le Sgoil Eòlais na h-Alba ann an 1965.



## CLÀR 16. & 36. CÒ LEIS THA 'N CRODH DRUIMFHIONN UD THALL (DREACH A)

---

Cò leis tha 'n crodh druimfhionn ud thall?

Cò leis tha 'n crodh druimfhionn ud thall?

Cò leis tha 'n crodh druimfhionn ud thall?

Cò leis tha 'n crodh druimfhionn ud thall?

Leam fhìn a ghaoil, leat fhèin a ghràidh

Leam fhìn a ghaoil, leat fhèin a ghràidh

'S ann leinn tha 'n crodh druimfhionn ud thall

---

Tha na faclan sgrìobhte bhon chlàr [seo](#)

Air a ghabhail leis an Urr. Uilleam MacMhathain à Màlacleit, Uibhist a Tuath agus chaidh a chlàradh le Sgoil Eòlais na h-Alba ann an 1954.





## CLÀR 17. & 37. CÒ LEIS AN CRODH DRUIMFHIONN UD THALL? (DREACH B)

---

Cò leis an crodh druimfhionn ud thall?

A' dìreadh ri uchdan nam beann

Cò leis an crodh druimfhionn ud thall?

A' dìreadh ri uileann nam beann

Leam fhìn a' ghaoil, leat fhèin a' ghràidh

Leam fhìn a' ghaoil, leat fhèin a' ghràidh

Leam fhìn a' ghaoil, leat fhèin a' ghràidh

Is leinn an crodh druimfhionn ud thall

Cò leis an crodh druimfhionn ud thall?

A' dìreadh ri uileann nam beann

Cò leis an crodh druimfhionn ud thall?

A' dìreadh ri uileann nam beann.

---

Tha na faclan sgrìobhte bhon chlàr [seo](#)

Air a ghabhail le Annag Niclaine às a' Ghleann, Barraigh ann an 1950 agus buinidh an clàr do Chruinneachadh Chanaigh aig Urras Nàiseanta na h-Alba.



## CLÀR 18. & 38. BÀ BÀ MO LEANABH BEAG

---

Bà bà mo leanabh beag  
Bà bà mo leanabh beag  
Gu dè ghaoil a nì mi riut  
Is eagal orm nach fhàs thu

Gu dè ghaoil a nì mi riut  
Gu dè luaidh a nì mi riut  
Gu dè ghaoil a nì mi riut  
Is eagal orm nach fhàs thu

Bà bà mo leanabh beag  
Bà bà mo leanabh beag  
Gu dè ghaoil a nì mi riut  
Is eagal orm nach fhàs thu

---

Tha na faclan sgrìobhte bhon chlàr [seo](#)

Air a ghabhail le Nan NicFhionghain à Bhatarsaigh agus chaidh a chlàradh le Sgoil Eòlais na h-Alba ann an 1959.



## CLÀR 19. & 39. CADAL CIARACH MO LURAN

---

Cadal ciarach mo luran  
Cadal ciarach mo luran  
Cadal ciarach mo luran  
Bidh mi fhìn agad tuilleadh

Bidh mi fhìn agad tuilleadh  
Bidh mi fhìn agad tuilleadh  
Bidh mi fhìn agad tuilleadh  
Chan fhaigh dròbhair a' chruidh thu

Chan fhaigh dròbhair a' chruidh thu  
Chan fhaigh dròbhair a' chruidh thu  
Chan fhaigh dròbhair a' chruidh thu  
Bidh mi fhìn agad tuilleadh

Bidh mi fhìn agad tuilleadh  
Bidh mi fhìn agad tuilleadh  
Bidh mi fhìn agad tuilleadh  
Chan fhaigh dròbhair a' chruidh thu

---

Tha na faclan sgrìobhte bhon chlàr [seo](#)

Air a ghabhail le Peigi Nic a' Mhaoilein à Beinn na Fadhla agus chaidh a chlàradh le Sgoil Eòlais na h-Alba ann an 1953.



## CLÀR 20. & 40. DANNS, A BHRIOGAIN

---

Danns, a Bhriogain, a chait, a chait  
Danns, a Bhriogain, a chait bhàin  
Danns, a Bhriogain, a chait, a chait  
Hù ill ò, a chait bhàin

Hù ill ò, a chait, a chait  
Hù ill ò, a chait bhàin  
Hù ill ò, a chait, a chait  
Danns, a Bhriogain, a chait bhàin

---

Tha na faclan sgrìobhte bhon chlàr [seo](#)

Air a ghabhail leis an Urr. Uilleam MacMhathain à Màlacleit, Uibhist a Tuath agus chaidh a chlàradh le Sgoil Eòlais na h-Alba ann an 1954.

